

<p><b>Freagairt Bhòrd na Gàidhlig don Cho-chomhairleachadh air Sgìre-sgoile airson Foghlam tron Ghàidhlig ann an Comhairle Baile Obar Dheathain</b></p>	<p><b>Bòrd na Gàidhlig's Response on the Consultation on Gaelic Medium Education for Aberdeen City Council</b></p>
<p><b>1. Ro-ràdh</b></p> <p>Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air an iomairt gus sgìre-sgoile a chur air bhonn airson Solar Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) ann an Obar Dheathain.</p> <p>Tha am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 agus an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig mar bhunait airson na freagairt seo. San Stiùireadh Reachdail, far a bheil barrachd mìneachaidh air na ceumannan seo, 's e bunait na cùise gum bu chòir adhartas is fàs a bhith air Foghlam tron Ghàidhlig.</p>	<p><b>1. Introduction</b></p> <p>Bòrd na Gàidhlig welcomes the initiative to establish a school catchment areas for Gaelic Medium Education Provision (GME) in Aberdeen City.</p> <p>The Statutory Guidance on Gaelic Education and the National Gaelic Language Plan 2018-23 form the basis for the Bòrd's response to this consultation. The Statutory Guidance, where there is further detail on the steps involved, has as its basis that GME should develop and grow.</p>
<p><b>2. Fiosrachadh sa Cho-chomhairleachadh</b></p> <p>Tha Comhairle Baile Obar Dheathain ag ràdh gu bheil iad airson sgìre-sgoile a stèidheachadh airson nan adhbharan a leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Chaidh solar FtG ann an Obar Dheathain a stèidheachadh le Comhairle Roinn nam Monadh Liath, agus aig an àm cha deach sgìrean-sgoile sam bith a stèidheachadh.</li> <li>• Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig Stiùireadh Reachdail ann an 2017, a' comharrachadh gum bu chòir do dh'ùghdarrasan ionadail sgìrean-sgoile a chruthachadh airson FtG.</li> <li>• Tha FtG taobh a-staigh Comhairle Baile Obar Dheathain an-dràsta ri fhaighinn aig Acadamaidh Hazlehead agus Bun-sgoil Gilcomstoun. Gus an Stiùireadh Reachdail a leantainn, tha</li> </ul>	<p><b>2. Consultation Information</b></p> <p>Aberdeen City Council says they want to establish a catchment area for the following reasons:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• GME provision in Aberdeen was established by the former Grampian Regional Council, and at the time no catchment areas were established for this provision.</li> <li>• Bòrd na Gàidhlig issued Statutory Guidance in 2017, specifying that local authorities should create catchment areas for GME.</li> <li>• GME within Aberdeen City Council is currently provided at Hazlehead Academy and Gilcomstoun School. To comply with the statutory guidance, it is proposed that catchment areas for these provisions</li> </ul>

<p>moladh ann gun tèid sgìrean-sgoile a stèidheachadh a bhios a' gabhail a-steach am baile gu lèir.</p>	<p>are established, which overlay the city as a whole.</p>
<p><b>3. Moladh na Comhairle</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Sgìre-sgoile a stèidheachadh airson Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig Acadamaidh Hazlehead, a tha a' gabhail a-steach crìochan Comhairle Baile Obar Dheathain;</li> <li>• Sgìre-sgoile a stèidheachadh airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig Bun-sgoil Gilcomstoun, a tha a' gabhail a-steach crìochan Comhairle Baile Obar Dheathain;</li> <li>• Gun tòisich na sgìrean-sgoile ùra bho 1 Lùnastal 2023.</li> </ul>	<p><b>3. Council Recommendation</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• To establish a catchment area for the existing Gaelic Medium Education provision at Hazlehead Academy, which is bounded by Aberdeen City's local authority boundary;</li> <li>• To establish a catchment area for the existing Gaelic Medium Education provision at Gilcomstoun School, which is bounded by Aberdeen City's local authority boundary;</li> <li>• That the new catchment areas should take effect from 1 August 2023.</li> </ul>
<p><b>4. Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig</b></p> <p>Tha moladh san Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig gun tèid sgìrean-sgoile a stèidheachadh airson sgoiltean far a bheil foghlam tron Ghàidhlig (FtG) (Earrainnean 2.53 &amp; 2.54).</p> <p><b>Sgìrean-sgoile FtG is Stiùireadh airson Àiteachan a Ghleidheadh do Sgoilearan</b></p> <p>Bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim sgìrean-sgoile a stèidheachadh airson FtG, agus dh'fhaodadh gum bi iad ag iarraidh beachdachadh air an iarrtas a th' ann airson FtG nuair a tha iad a' stèidheachadh stiùireadh airson nan àiteachan a thèid a ghleidheadh do sgoilearan ann am FtG</p> <p><b>Tha 2.54 ag ràdh:</b></p> <p>Bu chòir do sgìre-sgoile airson sgoil le FtG a bhith na sgìre far a bheil an t-ùghdarras</p>	<p><b>4. Statutory Guidance on Gaelic Education</b></p> <p>The Statutory Guidance on Gaelic Education recommends that catchment areas are established for schools where Gaelic-medium education (GME) is provided (Section 2.53 &amp; 2.54).</p> <p><b>GME Catchment Areas and Placing Guidelines</b></p> <p>Education authorities should establish catchment areas for GME provision and may wish to consider demand for GME when setting guidelines for placing pupils in GME provision.</p> <p><b>2.54 states:</b></p> <p>A catchment area of GME provision should be an area in which the education authority thinks it is reasonable for pupils wishing to receive GME provision to travel to school and should have the potential to attract</p>



foghlaim den bheachd gu bheil e reusanta do chloinn san sgìre sin, a tha airson a dhol gu FtG, siubhal don sgoil, agus bu chòir san sgìre sin gum bi cothrom ann pàrantan a thàladh gu bhith cur an cuid chloinne gu FtG.

Nì sgìrean-sgoile airson an dà chuid Acadamaidh Hazlehead & Bun-sgoil Gilcomstoun cinnteach gum bi FtG nas ruigsinneach agus nas tarraingiche do phàrantan is clann.

Tha an t-ùghdarras foghlaim air beachdachadh air clann is teaghlaichean air am faodadh buaidh a bhith leis na molaidhean ùra. Mar eisimpleir, dhaibhsan a tha taobh a-muigh crìochan a' bhaile, agus tha iad air soilleireachadh gum bi e comasachadh dhaibh leantainn air adhart le FtG.

Tha an t-ùghdarras foghlaim air soilleireachadh ciamar a gheibh clann is teaghlaichean a tha a' fuireach taobh a-muigh a' bhaile, àite ann am FtG ma tha iad ga iarraidh.

Leis a sin, tha Bòrd na Gàidhlig a' cumail taic ris a' mholadh gun tèid sgìre-sgoile a chruthachadh an dà chuid airson Acadamaidh Hazlehead agus Bun-sgoil Gilcomstoun, far a bheil solar FtG.

parents to choose GME provision for their children.

The education authority has considered both reasonable travel distance & arrangements for pupils and parents.

The city-wide catchment area for both Hazlehead Academy and Gilcomstoun School will ensure GME is both more accessible and more attractive to prospective parents & children.

The education authority has given due consideration to children & families that may be impacted by the proposed changes. For example, those outwith city boundaries, and highlighted that they will be able to continue with GME.

The education authority has highlighted how children & families living outwith city boundaries can access GME should they wish to do so.

Therefore, Bòrd na Gàidhlig welcomes the recommendation that a catchment area will be established for both Hazlehead Academy Gilcomstoun School where there is GME provision.

